



ALBA AOSMHOR
PLANA GÀIDHLIG 2012-2017



HISTORIC SCOTLAND
ALBA AOSMHOR



Thathar air am plana seo a chur ri chèile fo Earann 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus chuir Bòrd na Gàidhlig a aonta ris air 19.06.2012

Tha a' Ghàidhlig na cuid gu math bunaiteach de chultar na h-Alba agus tha sinne aig Alba Aosmhor gu mòr airson a cur air adhart agus a h-aithneachadh, chan ann a-mhàin mar chuibhreann cudromach de dhìleab na dùthcha ach cuideachd mar chànan beò.

Mar Bhuidheann-gnìomha aig Riaghaltas na h-Alba, tha e an amas a' Phlana Ghàidhlig againn ar dleastanas a choileanadh a chuidicheas gus na h-amasan aig Bòrd na Gàidhlig agus Plana Nàiseanta na Gàidhlig a thoirt gu buil agus na dleastanasan am broinn Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a thoirt a-mach. Le bhith ga dhèanamh, tha sinn an dòchas barrachd aithneachaidh mun chuideachadh air leth is leantainneach a chuireas a' Ghàidhlig ri beatha na h-Alba a bhrosnachadh.

Leis a' Phlana seo, tha e mar amas againn mar sin taic a chur ri cleachdadh is ionnsachadh na Gàidhlig am broinn Alba Aosmhor, a cur air adhart barrachd tro na ceanglaichean a nì sinn le eagrachaidhean, luchd-pàirteachaidh is luchd-cleachdaidh eile air feadh na h-Alba agus, nuair a cheadaicheas an obair againn, air feadh an t-saoghail.

Tha Alba Aosmhor den bheachd gu bheil cuideam eachdraidheil is làitheil aig a' Ghàidhlig anns an t-saoghal sam beò sinn an-diugh. Tha togail againn ri ar cuid fhèin a dhèanamh a chuideachadh gus a h-ath-bheothachadh agus a leasachadh anns na bliadhnaichean ri teachd.

Ian Walford
Ceannard

CLÀR-INNSE

FACAL-TOISICH	02	2. RÙINTEAN BUNAITEACH	12	4. CUR AN GNÌOMH AGUS DEARCNACHADH AIG ALBA AOSMHOR	35
CLÀR-INNSE	03	2.1 Cur an Gnìomh Amasan Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba		4.1 Clàr-ama	
GIORRACHADH	04	2.2 Poileasaidh Gàidhlig Alba Aosmhor An-dràsta		4.2 Foillseachadh a' Phlana	
CRUTH A' PHLANA GHÀIDHLIG	05	2.3 Raointean Bunaiteach mu Libhrigeadh Sheirbheisean		4.3 Ullachaidhean a thaobh Rianachd	
1. RO-RÀDH	06	2.3.1 Ìomhaigh		4.4 Goireasan airson a' Phlana	
1.1 Cùl-raoin		2.3.2 Conaltradh		4.5 Dearcnachadh Cur an Gnìomh a' Phlana	
1.2 Sealladh farsaing air obair Alba Aosmhor		2.3.3 Foillseachaidhean		4.6 Measadh air Buaidh air an Àrainneachd	
1.3 Suidheachadh farsaing na Gàidhlig ann an Alba		2.3.4 Luchd-obrach		4.7 Measadh air Buaidh air Co-ionannachd	
1.4 Gàidhlig ann an Alba Aosmhor		3. CUR AN GNÌOMH PLANA NÀISEANTA NA GÀIDHLIG	30	5. FIOS THUGAINN	38
1.5 Plana Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba		3.1 Buaidh a thaobh Poileasaidh airson na Gàidhlig			
		3.2 Plana Nàiseanta na Gàidhlig			
		3.3 Rùn ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig			
		3.3.1 Togail a' Chànain			
		3.3.2 Cleachdadh a' Chànain			
		3.3.3 Inbhe a' Chànain			
		3.3.4 Corpus a' Chànain			

GIORRACHADH

Tha Alba Aosmhor ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig mar chuid bhunaiteach de dhìleab, de dh'ìomhaigh nàiseanta agus de bheatha chultarail na h-Alba agus tha rùn againn ris na h-amasan am broinn Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Tha sinn air structaran agus tionnsgnaidhean a chur an alt mar sin a chuireas air chomas dhuinn ar cuid fhèin a dhèanamh gus a dhèanamh cinnteach gum bi àite seasmhach aig a' Ghàidhlig ann an Alba san ùine air thoiseach.

Tha Alba Aosmhor ag aithneachadh gu bheil suidheachadh na Gàidhlig gu math cugallach agus ma thathar gus beatha às ùr a thoirt don Ghàidhlig mar chànan beò ann an Alba gum bi feum air oidhirp mhòr leis an riaghaltas, leis na roinnean poblach is prìobhaideach, le buidhnean sna coimhearsnachdan agus le luchd-labhairt fa leth gus:

- inbhe na Gàidhlig a leasachadh;
- togail is ionnsachadh na Gàidhlig a chur air adhart;
- barrachd cleachdaidh den Gàidhlig a bhrosnachadh.

Is e a tha san sgrìobhainn seo Plana Gàidhlig Alba Aosmhor, a thathar air ullachadh a rèir Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, le aire do Phlana Nàiseanta na Gàidhlig agus don Stiùireadh mu Ullachadh Planaichean Gàidhlig. Tha e a' cur an cèill:

- mar a chleachdas sinn a' Ghàidhlig anns an obair againn;
- mar a chuireas sinn air chomas Gàidhlig a chleachdadh ann an conaltradh ris a' phoball agus ri luchd-pàirteachaidh, agus;
- mar a chuireas sinn air adhart agus a leasaicheas sinn a' Ghàidhlig

CRUTH A' PHLANA GHÀIDHLIG

Is iad na ceithir prìomh roinnean anns a' Phlana Ghàidhlig againn:

1. Ro-ràdh

An cùl-raoin agus an suidheachadh mar bhunait ri ullachadh Planaichean Gàidhlig a rèir Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus structar prìomh obraichean Alba Aosmhor. Sa chaibideil seo cuideachd tha dealbh geàrr de sgaoileadh na Gàidhlig ann an Alba.

2. Rùintean Bunaiteach

Iomradh air mar a chumas Alba Aosmhor cleachdadh na Gàidhlig air chomas an lùib na h-obrach againn. Tha e a' gabhail a-steach obraichean leithid ìomhaigh chorporra, sanasan, conaltradh ris a' phoball agus cleachdadh na Gàidhlig air an làrach-lìn againn; a' cur an cèill an ullachaidh Ghàidhlig ris a bheil rùn againn ri linn don Phlana a bhith ann.

3. A' cur Plana Nàiseanta na Gàidhlig an gnìomh

Tha a' chaibideil seo a' cur an cèill mar a chuidicheas sinn gus Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chur an gnìomh. Tha i cuideachd a' sealltainn mar a tha e san amharc againn cleachdadh na Gàidhlig a chur air adhart ann an dealbhachadh is lìbhrigeadh sheirbheisean leithid foghlaim agus nan gnothaichean eile againn air an taobh a-muigh. Cuideachd, tha i a' gabhail beachd air mar a bheir sinn an aire don Ghàidhlig agus don Phlana Ghàidhlig againn agus poileasaidhean ùra gan cur ri chèile is ro-innleachdan ùra gam meòrachadh againn, mar am Plana Corporra agus *Building for Success*.¹

4. Cur an Gnìomh agus Dearcnachadh aig Alba Aosmhor

Míneachadh air mar a thèid cur an gnìomh a' Phlana Ghàidhlig againn a thoirt air adhart agus mar a thèid dearcnachadh a dhèanamh air na toraidhean a dh'èireas às.

¹ Is e a tha ann am *Building for Success* ro-innleachd a dh'èirich à comhairleachadh air an taobh a-staigh, *Programme of Change*, a chaidh a thoirt gu crìch ann an 2010, agus e air a dhealbhadh gus Alba Aosmhor a thoirt air adhart agus tro na dùbhlain a tha mun roinn phoblaich ann an Alba an-dràsta.



1. RO-RÀDH

1. RO-RÀDH

1.1 Cùl-raoin

Ghabhadh ri Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 le Pàrlamaid na h-Alba an rùn inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba leis an aon sùim agus a thathar a' gabhail don Bheurla.

Aonan de na nithean as cudromaiche ann an Achd 2005, is e an t-ullachadh gum faod Bòrd na Gàidhlig iarraidh air buidhnean poblach Planaichean Gàidhlig a chruthachadh. Chaidh an t-ullachadh seo a chur ann gus a dhèanamh cinnteach gun dèan an roinn phoblach ann an Alba oidhirp gus an seas a' Ghàidhlig, le bhith a' togail na h-inbhe is na h-ìomhaigh aice agus a' cruthachadh chothroman gus a bhith ga cleachdadh.

Fo Achd 2005, feumaidh buidhnean poblach ullachadh a' Phlana Ghàidhlig aca thoirt gu aire nam buidhnean uile aig a bheil ùidh sa chùis. Chuir Alba Aosmhor comhairle gu poblach mun dreachd den Phlana Ghàidhlig aice san Dàmhair 2009 agus tha i air meòrachadh a dhèanamh air na beachdan a fhuair i ri linn a' chomhairleachaidh.

Aon uair is gu bheilear air beachdan fhaotainn bhon chomhairleachadh agus atharrachaidhean a dhèanamh ga rèir, thèid dreachd deireannach a chur gu Bòrd na Gàidhlig gus aontachadh fhaighinn sa Mhàrt 2012.

1.2 Sealladh farsaing air obair Alba Aosmhor

Tha Rùn Riaghaltas na h-Alba² air sia deug de Thòraidhean Nàiseanta a chomharrachadh a tha mar bhunait ris a' phrìomh amas a tha aige seirbheisean Riaghaltais is seirbheisean poblach a threòrachadh gus dùthaich nas soirbheachaile a chruthachadh, le cothrom aig Alba air fad soirbheachadh mar thoradh air barrachd fàis sheasmhaich. A-mach às na Toraidhean Nàiseanta seo, tha ceithir gu sònraichte a' bualadh air a' Ghàidhlig agus obair Alba Aosmhor. Is iad seo:

- Tha sinn a' cur luach air is a' gabhail tlachd às an àrainneachd air a togail agus an àrainneachd nàdarra againn agus ga dìon is ga leasachadh airson nan ginealaichean ri teachd (Àireamh 12)
- Tha pròis againn ann an dearbh-aithne nàiseanta a tha làidir, ceart agus ion-ghabhalach (Àireamh 13)

- Soirbhichidh leis na daoine òga againn ann an ionnsachadh, bidh misneachd aca, cuididhich iad gu h-èifeachdach agus bidh iad nan saoranaich chùramach (Àireamh 4)
- Tha foghlam is eòlas nas fheàrr againn, tha sinn nas soirbheachaile, le cliù againn airson ar cuid rannsachaidh is tionnsgaladh (Àireamh 3)

Mar bhuidheann-gnìomha aig Riaghaltas na h-Alba, tha e an urra ri Alba Aosmhor às leth Ministearan na h-Alba dèanamh cinnteach gun toir an àrainneachd eachdraidheil bunait seachad ach an soirbhich le Alba san àm air thoiseach. Ged a bhios a' Bhuidheann a' cur gu mòr ri mòran de na Toraidhean Nàiseanta, is ann air Toradh Nàiseanta 12 agus an àrainneachd eachdraidheil gu sònraichte as motha air am bi sinn a' cur cuideim. Tha seo a' cur na h-obrach againn aig cridhe cultar na h-Alba agus tha e cuideachd mar chothrom cur ri Toradh Nàiseanta 13 agus 'ìomhaigh nàiseanta fharsaing' a chruthachadh. Tha sinn cuideachd an sàs ann an gnothaichean foghlaim air feadh na h-Alba. Tha cothrom dha-rìribh, mar sin, don Ghàidhlig àite cudromach a bhith aice ann an obair Alba Aosmhor agus is e as adhbhar ris an sgrìobhainn seo mìneachadh mar a ghabhas seo dèanamh agus mar a thathar ga dhèanamh.

² Faicibh làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba, <http://www.scotland.gov.uk/About/scotPerforms/outcomes>

A rèir nan atharrachaidhean mòra a thàinig air Riaghaltas na h-Alba agus sa Bhuidhinn fhèin, tha an tionnsgnadh *Building for Success*, a thug Alba Aosmhor a-mach o chionn ghoirid, air ceithir prìomh obraichean a chomharrachadh. Is iad seo:

- A' toirt na chuireas an àrainneachd eachdraidheil ri fàs seasmhach ann an Alba chun na h-ìre as àirde
- A' dìon àrainneachd eachdraidheil na h-Alba airson muinntir na h-Alba an-dràsta agus san ùine air thoiseach
- A' comharrachadh àrainneachd eachdraidheil na h-Alba agus a' brosnachadh tuigse is tlachd mu deidhinn
- A bhith cunntachail airson nan goireasan a gheibh a' Bhuidheann, a' nochdadh luach don phoball agus a' tort seachad luach an airgid

A thaobh obrachaidh, am measg nam prìomh obraichean seo tha gleidheadh agus taisbeanadh do luchd-tadhail nan togalaichean eachdraidheil a tha an urra ri Ministearan na h-Alba; a' cumail ris a' chlàr reachdail de charraighean a tha cudromach ann an seagh nàiseanta agus ris a' chlàr reachdail de thogalaichean a tha inntineach a thaobh ailtireachd no eachdraidh; a' gabhail beachd air molaidhean airson atharrachaidhean air togalaichean air an gleidheadh; a' toirt

taic-airgid gus an àrainneachd eachdraidheil a ghleidheadh is a leasachadh; a' toirt stiùiridh mu rianachd air an àrainneachd eachdraidheil; a' toirt comhairle mu phoileasaidhean a' bualadh air an àrainneachd eachdraidheil; agus taic ri foghlam, tionnsgnaidhean Gàidhlig anns an àireamh.

A bharrachd air seo, tha Alba Aosmhor dìreach air Plana Corporra 2012 – 2015 fhoillseachadh, a tha a' cur an cèill na prìomh amasan ro-innleachdail aig a' bhuideann thairis air an trì bliadhna ri tighinn. 'S iad seo an fheadhainn a tha gu h-àraid iomchaidh dhan Phlana Ghàidhlig: Brosnachach Àrainneachd Eachdraidheil na h-Alba; Deanamh Rianachd ann an Seagh Cruithachail air Àrainneachd Eachdraidheil na h-Alba agus Libhrigeadh a' Ghniomhachais againn.

Tha Plana Gàidhlig Alba Aosmhor a' comharrachadh na h-obrach agus a' chuideachaidh a mheudaicheas na h-obraichean seo. Mar eisimpleir, tha 345 de thogalaichean a tha cudromach ann an seagh nàiseanta, às a bheil 78 le luchd-obrach, an urra ri Alba Aosmhor. Ann an 2009-10, chuir na h-àiteachan dìreach le luchd-obrach fàilte air còrr is 3 millean de luchd-tadhail; tha de chomas aig a' mhìneachadh air a leudachadh air na làraichean seo Gàidhlig a nochdadh ri sluagh gu math farsaing.

1.3 Suidheachadh na Gàidhlig ann an Alba san fharsaingeachd

Tha dleastanas Alba Aosmhor a' gabhail a-steach Alba gu lèir agus, mar thoradh, tha de chomas aig luchd-labhairt is coimhearsnachdan uile na Gàidhlig, an dà chuid an-dràsta agus san àm air thoiseach, ùidh a ghabhail ann an obair na Buidhne. Obraichidh sinn le buidhnean poblach eile le Planaichean Gàidhlig, mar Dualchas Nàdar na h-Alba, Alba Chruthachail, VisitScotland agus Pàrlamaid na h-Alba, a bharrachd air buidhean Gàidhlig air feadh na dùthcha mar Comann na Gàidhlig, Bòrd na Gàidhlig, Stòlrann, Fèisean nan Gàidheal agus Comainn Eachdraidh.

Tha e cudromach gum bi tuigse air sgaoileadh na Gàidhlig ann an Alba san latha a tha ann an-diugh. Nochd cunntas-sluaigh na Rìoghachd Aonaichte 2001³, gum b' e àireamh làn nan daoine a chaidh a chlàradh a bhith comasach air Gàidhlig a labhairt is/ no a leughadh is/no a sgrìobhadh is/no a thuigsinn ann an cunntas-sluaigh 2001 92,400 (1.9% de shluagh na h-Alba). A-mach à seo, b' e àireamh làn nan daoine a' bruidhinn na Gàidhlig 58,652 (1.15% de Shluagh na h-Alba).

³ Tha fiosrachadh anns a' chunntas-shluaigh air a thoirt à aithisg na Gàidhlig ann an cunntas 2001, air am faighear cothrom air an Lion aig: <http://www.gro-scotland.gov.uk/census/censushm/scotcen2/reports-and-data/scotcen-gaelic/index.html>. Tha fiosrachadh mu foghlam air a thoirt à: Oilthigh Shrath Chluaidh, Roinn an Fhoghlaim (2006). Pupil Numbers in Gaelic Education 2006-07, Glaschu: Oilthigh Shrath Chluaidh

Tha luchd-labhairt na Gàidhlig air an sgapadh air feadh na h-Alba. A-mach à luchd-labhairt na Gàidhlig a chaidh a chomharrachadh ann an cunntas-sluaigh 2001, bha rud beag a bharrachd air an dara cuid dhiubh a' fuireach ann an siorrachdan na Gàidhealtachd (sgìrean Chomhairle na Gàidhealtachd, Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid agus Chomhairle nan Eilean Siar) agus rud beag nas lugha na an dara cuid ann an siorramachdan air a' Ghalltachd. Bha mun cheathramh chuid a' fuireach ann an sgìrean far a bheil luchd-labhairt na Gàidhlig an uachdar. An aghaidh seo, tha ìre àrd de bhailteachas am measg luchd-labhairt na Gàidhlig, le mòran de luchd-cleachdaidh na Gàidhlig a' fuireach mu Ghlaschu, ann an Dùn Èideann, Inbhir Nis is Obar Dheathain. Mar eisimpleir, nochd cunntas 2001 gun robh 11,211 de luchd-labhairt Gàidhlig (19% den iomlan nàiseanta) a' fuireach ann an Sgìre Ghlaschu.⁴

Ged a chaidh àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig sìos bhon chunntas-shluaigh mu dheireadh, thàinig àrdachadh air ìre nan daoine a tha comasach air Gàidhlig a bhruidhinn, agus cuideachd air Gàidhlig a leughadh is a sgrìobhadh, suas eadar 1991 is 2001. Tha seo a' leigeil fhaicinn gun tàinig fàs air litreachd ann an Gàidhlig agus ìre nas motha de luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Chaidh àireamh na cloinne bho aois 5 gu 15 a bhruidhneadh Gàidhlig suas cuideachd eadar 1991 agus 2001.

Tha e mar amas aig an Riaghaltas seo àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig a shocrachadh aig ìrean 2001 ro Chunntas-sluaigh na Rìoghachd Aonaichte 2021. Gus seo a thoirt gu buil, is e cuibhreann mòr de phoileasaidh Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba a tha air a bhith san taic ri Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG), aig a bheil e mar adhbhar clann oideachadh gu dìreach tron Ghàidhlig fhèin. Tha e mar amas clann a thoirt don aon ìre de dh'fhileantachd sa Ghàidhlig agus sa Bheurla mun àm a dh'fhàgas iad a' bhun-sgoil agus tha Alba Aosmhor a' cur a taice ris an obair seo mar-thà.

Tha na h-àireamhan as ùire air a bheil cothrom a' nochdadh gun robh 2,316 de chloinn sna bun-sgoiltean agus 410 de chloinn sna h-àrd-sgoiltean gan oideachadh tron Ghàidhlig ann an 2010/11, le 802 a bharrachd de chloinn anns na sgoiltean-àraich.⁵ Ann an 2008, bha 2,733 de chloinn ag ionnsachadh na Gàidhlig ann an àrd-sgoiltean Beurla agus mu 6,000 de luchd-tòiseachaidh a' faighinn Gàidhlig ann am Bun-sgoiltean.⁶

Chan eil aon àireamh dhaingeann den ìre de dh'inbhidh ag ionnsachadh na Gàidhlig nach eil fileanta ann an Alba an-dràsta ach nochd rannsachadh nàisanta ann an 1995 le Iain Galloway às leth Chomann na Gàidhlig, a' bhuidheann-leasachaidh Ghàidhlig, gun robh mu 8,000 ann an Alba.⁷

Le daoine aig gach aois ag ionnsachadh na Gàidhlig agus luchd-labhairt Gàidhlig sgapte air feadh na h-Alba, tha e follaiseach nach bu chòir gun cumadh Plana Gàidhlig Alba Aosmhor ri sgìre seach sgìre agus gum bu chòir gum biodh e na amas ceangal a dhèanamh ri uiread dhaoine agus a ghabhas tro na tionnsgnaidhean Gàidhlig aice. Tha, mar eisimpleir, cothrom dha-rìribh ann Gàidhlig a chur air adhart tro chlàran-foghlaim Alba Aosmhor.

⁴ Tha Sgìre Ghlaschu ga comharrachadh an seo mar Chathair Ghlaschu, Siorrachd Lannraig a Tuath, Siorrachd Lannraig a Deas, Siorrachd Dhùn Breatainn an Ear, Siorrachd Dhùn Breatainn an Iar, Siorrachd Rinn Friù, Siorrachd Rinn Friù an Ear agus Inbhir Chluaidh

⁵ Àireamhan bho làrach-lìn Chomann na Gàidhlig www.cnag.org.uk

⁶ Fiosrachadh mu Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig bho làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba aig <http://www.scotland.gov.uk/Topics/ArtsCultureSport/arts/GaelicLanguage>

⁷ Galloway, John (1995). *Estimation of the Number and Distribution of Adult Learners of Gaelic: Final Report*. Inverness: Comunn na Gàidhlig.

1.4 Gàidhlig ann an Alba Aosmhor

Chan eil clàr aig Alba Aosmhor an-dràsta den àireamh den luchd-obrach aice a tha fileanta sa Ghàidhlig, a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig an-dràsta no aig a bheil an comas Gàidhlig a leughadh is a sgrìobhadh. Mar rùn bunaiteach, tha e san amharc againn sgrùdadh luchd-obrach a ghabhail os làimh gus am fiosrachadh seo a thogail ro dheireadh 2012. Le seo, bidh e comasach dhuinn eòlas an luchd-obrach a tha ann an-dràsta a chleachdadh is a leudachadh fada nas èifeachdaiche. Nì sinn sgrùdadh air:

- Co mheud luchd-labhairt na Gàidhlig a tha ag obair aig Alba Aosmhor
- Co mheud a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig
- Co mheud a tha ag iarraidh Gàidhlig ionnsachadh
- Co mheud luchd-obrach aig a bheil comas bruidhinn, leughaidh agus sgrìobhaidh sa Ghàidhlig

Nì sinn cinnteach gu bheil am fiosrachadh seo air a chumail ceart le bhith dèanamh ath-sgrùdadh a h-uile trì bliadhna.

Ri linn ullachadh a' Phlana Ghàidhlig againn, thòisich sinn air a' Ghàidhlig a chur air adhart ann an caochladh dhòighean cheana. Nam measg seo tha a' chiad fheadhainn ann an sreath de chùrsaichean Fiosrachaidh Ghàidhlig.

Tha sinn cuideachd air suaicheantas dà-chànanach Alba Aosmhor a chruthachadh a bheir sinn a-steach mar an àbhaist anns na raointean-obrachaidh gu lèir againn. Thachair seo aig an aon àm ri toirt a-steach nan sanasan dà-chànanach ann am feadhainn de thogalaichean Alba Aosmhor agus anns a' phrìomh oifis againn, Taigh an Lòin Mhòir, ann an Dùn Èideann.

Thathar air sanasan, leabhraichean-iùil, tursan-èisteachd, taisbeanaidhean poblach agus mìneachadh grafaigeach ann an Gàidhlig a thoirt a-steach ann am mòran de na làraichean againn, gu sònraichte ann an sgìrean na Gàidhealtachd, Earra-Ghàidheal agus nan Eilean Siar, leithid Àrnol, Calanais, Inbhir Lòchaidh, Tùr Chliamhain, Steineaclait, Ciseamal, Dùn Staidhinis agus Bun Abha. Thathar air seo a leudachadh barrachd le làrach-lìn Ghàidhlig is Bheurla mu Eilean Ì⁸, fastadh Oifigearan Gàidhlig ann an Leòdhas is ann an Caisteal Dhùn Èideann, agus eadar-theangachadh stuth-ionnsachaidh gu Gàidhlig.

Gus a' Ghàidhlig a chur air adhart nas fharsainge tron àrainneachd eachdraidheil, tha sinn cuideachd air tòiseachadh air cuid den stuth-stiùiridh againn a thionndadh gu Gàidhlig. Nam measg seo tha na leabhraichean-iùil INFORM, a tha nan sreath dhuilleachan a bheir comhairle do luchd-seilbh dhachaighean is thogalaichean mu chàradh is chumail suas farsaingeachd de stuth is structaran thogalaichean. Eisimpleirean eile leabhraichean a' mìneachadh clàradh is dìon thogalaichean is charraighean, agus na notaichean-stiùiridh 'Managing Change' a tha air fàire.


1.5 Plana Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba

Tha Alba Aosmhor na Buidheann-gnìomha aig Riaghaltas na h-Alba, a tha a' ciallachadh gu bheil sinn nar cuid gu h-iomlan de Riaghaltas na h-Alba agus gur h-e seirbheisich chatharra a tha san luchd-obrach againn. Ach tha obraichean air leth agus an t-àite cultarail aig Alba Aosmhor cho sònraichte agus gun d'fhuair sinn cuireadh bho Bhòrd na Gàidhlig Plana Gàidhlig air leth a chur ri chèile.⁹

San dà bhliadhna a chaidh seachad, thathar air Gàidhlig a thoirt a-steach ann an stuth-mìneachaidh agus sanasan luchd-tadhail ann an cuid den t-seilbh againn, sa Ghàidhealtachd

⁸ Faicibh www.ionahistory.org.uk

⁹ Plana Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba, td.63, faicibh <http://www.scotland.gov.uk/Resource/Doc/317687/0101165.pdf>



agus ann an sgìrean eile far a bheil dòmhlachadh àrd de luchd-labhairt is luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Nam measg seo, tha Eilean Ì, Calanais, Inbhir Lòchaidh, Tùr Chliamhain, Ciseamal, Dùn Staidhinnis, Bun Abha agus Cathair-eaglais Ghlaschu. Am measg nan innleachdan-libhrigidh tha làrach-lìn gu tur dà-chànanach mu Eilean Ì, sreath de chlàran is de shanasan-mìneachaidh san dà chànan, leabhraichean-iùil ann an Gàidhlig, beagan stuth-èisteachd agus clàr de Mhìneachadh-aodaich le cultar is briathrachas Gàidhlig. Thathar cuideachd air Oifigearan Gàidhlig a thoirt a-steach ann an Leòdhas is aig Caisteal Dhùn Èideann agus stuth-foghlaim a thionndadh gu Gàidhlig.

Tha grunn tachartasan air a bhith againn tro mheadhan na Gàidhlig, gu h-àraid Luchd-lùil Òg aig Casiteal Dhùn Èideann agus clann le Gàidhlig aig Caisteal Shruighlea. Tha Alba Aosmhor cuideachd air taic a thoirt do Chomann nam Pàrant le Seachdain nan Gàidhlig, le tachartasan aig Caisteal Dhùn Èideann agus Pàirc an Ròid. Bha Gàidhlig cuideachd an luib co-labhairt a bha ann bho chionn ghoirid air Eilean Ì.

2. RÙINTEAN BUNAITEACH



2. RÙINTEAN BUNAITEACH

2.1 Cur an gnìomh Amasan Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba

A bharrachd air na Toraidhean Nàiseanta air an deach iomradh a thoirt ann an Earrann 1.2 gu h-àrd, tha Riaghaltas na h-Alba bho 2007 air cumail ri còig Amasan Ro-innleachdail a tha mar bhunait ris a' phrìomh 'Adhbhar' aige agus a chuireas an cèill an seòrsa dùthcha sa bheil sinn ag iarraidh fuireach – Alba a tha nas Beartiche is nas Ceirte, nas Sgiobalta, nas Fhallaine, nas Sàbhailte is nas Làidire agus nas Uaine. Is e am beachd a tha ann gun tig soirbheachadh à treòrachadh seirbheisean Riaghaltais agus seirbheisean poblach uile gu toirt gu buil an Adhbhair seo, agus le bhith ag obair còmhla anns na h-amasan ro-innleachdail seo air fad gum faod sinn fàs eaconomach seasmhach a leudachadh ach an soirbhich le Alba gu lèir.

Le bhith a' brosnachadh ullachadh Planaichean Gàidhlig, tha Bòrd na Gàidhlig a' dearbhadh gum bi na mìrean anns gach plana air an aon rèir, a' leigeil fhaicinn mar a chuireas iad ri Amasan Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba. Air an adhbhar seo, tha a h-uile gin de na h-earrannan anns na clàran nan rùintean bunaiteach sa chaibideil seo a' comharrachadh nan Amasan Ro-innleachdail ris a bheil iad ceangailte. Tha iad seo gan toirt mar a leanas:

1. Nas Beartiche is nas Ceirte
2. Nas Sgiobalta
3. Nas Fhallaine
4. Nas Sàbhailte is nas Làidire
5. Nas Uaine

2.2 Poileasaidh Gàidhlig Alba Aosmhor An-dràsta

An dèidh dhan Phlana seo a bhith air atharrachadh agus beachdan bhon cho-chomhairleachadh oifigeil a thoirt a-steach agus aon uair is gu bheil e air aonta fhaighinn bho Bhòrd na Gàidhlig is bho Mhinistearan na h-Alba, bidh e mar Phoileasaidh Gàidhlig Alba Aosmhor.

2.3 Raointean Cudromach de Lìbhrigeadh Sheirbheisean

Anns an stiùireadh reachdail aige mu **Ullachadh Planaichean Gàidhlig**, tha Bòrd na Gàidhlig a' comharrachadh gur h-e cruthachadh na h-àrainneachd iomchaidh airson cleachdadh na Gàidhlig san t-saoghal phoblach aonan de na mìrean as cudromaiche de dh'ath-bheothachadh cànan. Tha am Bòrd mar sin air ceithir raointean de lìbhrigeadh sheirbheisean a chomharrachadh a tha ag iarraidh gun cuir buidhnean poblach aghaidh orra agus Planaichean Gàidhlig gan cur ri chèile aca. Thathar air seo a thoirt a-steach sna

clàran iomchaidh sa phlana fo na cinn a tha air an ainmeachadh gu h-ìseal.

2.3.1 Ìomhaigh

Ìomhaigh chorporra

- Sanasan

2.3.2 Conaltradh

- Fàilteachadh
- Fòn
- Post is post-dealain
- Bileagan
- Coinneamhan poblach
- Modhan-obrach ghearanan

2.3.3 Foillseachaidhean

- Dàimh phoblach agus na meadhanan
- Stuth ann an clò
- Goireasan airson Sgoiltean
- Làraichean-lìn
- Taisbeanaidhean

2.3.4 Luchd-obrach

- Trèanadh
- Ionnsachadh a' chànan
- Foghalm is Obair A-muigh
- Fastadh
- Sanasachd

2.3.1 Ìomhaigh

Tha làthaireachd na Gàidhlig anns an ìomhaigh chorporra is ann an sanasan aig ùghdarras poblach a' cur gu mòr ri follaiseachd a' chànan, a' meudachadh na h-inbhe aige agus na aithris a

thaobh mar a tha luach air a' Ghàidhlig agus mar a tha i ga h-aithneachadh. Ann a bhith a' leasachadh cleachdadh na Gàidhlig, faodar cur ri cainnt luchd-cleachdaidh na Gàidhlig cuideachd, ris an aire a

bheir am poball don chànan agus cuideachadh gus a leasachadh. Tha làthaireachd na Gàidhlig a' leigeil fhaicinn do luchd-labhairt gu bheilear a' gabhail ris a' chànan.

Tha Alba Aosmhor ag aithneachadh cho cudromach is a tha e cur ri follaiseachd is inbhe na Gàidhlig

Dleastanas gus a Leasachadh	Gnìomhan	Roinn an Urra	Clàr-ama
Ìomhaigh Chorporra			
Cleachdadh An-dràsta Tha suaicheantas dà-chànanach aig Alba Aosmhor a-nis le stiùireadh a thaobh a bhith ga chleachdadh	Cruthaichidh sinn stiùireadh gus dreach dà-chànanach de shuaicheantas Alba Aosmhor a chleachdadh mar an àbhaist anns an obair air fad againn, ann an cruth dealanach agus cruthan eile	Ionad-conaltraidh, Malairt is Turasachd	A' tòiseachadh nuair a thèid am plana aontachadh
	Nì sinn sgrùdadh air a h-uile bileag ann an cruth dealanach a chleachdas Alba Aosmhor agus ùraichidh sinn an fheadhainn as trice a chleachdar gus dreach dà-chànanach a chur riutha	Roinnean Uile	Dàmhair 2012
	Àite sam bith san nochd suaicheantas Alba Aosmhor, bidh e san dà chànan. Tachraidh seo mar chuid den obair-ùrachaidh san fharsaingeachd againn is bidh e a' bualadh air nithean leithid èideadh, aodach-dìona, stuth-sgrìobhaidh agus carbadan	Roinnean Uile	A' tòiseachadh nuair a thèid am plana aontachadh
Na h-Amasan Ro-innleachdail iomchaidh ris a bheilear a' cur taice: 1 agus 2			

Dleastanas gus a Leasachadh	Gnìomhan	Roinn an Urra	Clàr-ama
Sanasan			
Cleachdadh An-dràsta: Chan eil poileasaidh air aontachadh aig Alba Aosmhor fhathast mu chleachdadh Gàidhlig air sanasan	Nì sinn sgrùdadh air an ullachadh a tha aig Alba Aosmhor mu shanasan air an taobh a-muigh is air an t-slighe a-steach agus a' Ghàidhlig. Cumaidh sinn oirnn ag obair le Bòrd na Gàidhlig gus an dòigh as èifeachdaiche aontachadh gus sanasan Gàidhlig/Beurla a thoirt seachad. Cuiridh an dòigh air aontachadh ri cleachdadh na Gàidhlig air an taobh a-muigh is air an t-slighe a-steach aig na làraichean againn air feadh na h-Alba far a bheil e iomchaidh, agus thèid suaicheantas Alba Aosmhor san dà chànain a chleachdadh aig na làraichean uile. Thèid seo a dhèanamh an toiseach fo chlàr-tàbhachdaidh, leis a' chòrr ga thoirt a-steach mar chuid den obair-ùrachaidh bhitheanta againn. Am measg eisimpleirean tha an suaicheantas dà-chànainach, bùird-fhiosrachaidh airson luchd-tadhail agus sanasan-rathaid	Malairt is Turasachd, Goirean Daonna (Sgioba Seirbheisean Oifis)	Dàmhair 2012
Na h-Amasan Ro-innleachdail iomchaidh ris a bheilear a' cur taice: 1 agus 2			

2.3.2 Conaltradh

Bidh cleachdadh na Gàidhlig aig a' chiad ìre far am faic daoine eagrachadh poblach a' cur ri follaiseachd agus ris an ìre den chànain a chluinnear, agus bidh e cur ris a' bheachd gu bheil cleachdadh na Gàidhlig comasach is ceadaichte. A bharrachd air a bhith a' cur ri inbhe a' chànain, bidh e cuideachd a' cruthachadh chothroman gus a chleachdadh agus a' brosnachadh dhaoine gus Gàidhlig a chleachdadh nuair a thathar a' gabhail gnothaich ris an ùghdarras

phoblach an dèidh sin. Bidh Alba Aosmhor a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig ann a bhith a' dèiligeadh leis a' phoball.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an conaltradh ris an eagrachadh ann an litrichean, ann am post-dealain agus air fòn cudromach gus cothroman a chruthachadh airson Gàidhlig a chleachdadh agus le bhith a' cur ris an fhaireachdainn gu bheilear

toilichte a chleachdadh. Faodaidh ìre na Gàidhlig ann am farsaingeachd de bhileagan san dà chànain agus sa Ghàidhlig a-mhàin cur gu mòr ri follaiseachd agus urram a' chànain. Faodaidh ullachadh tionndadh Gàidhlig bhileagan, iarrtasan agus sgrìobhainnean eile, cuideachadh cuideachd gus a chur ris an ìre de bhriathrachas Gàidhlig agus ri aire luchd na Gàidhlig air a leithid de bhriathrachas, rud a chuidicheas ri leasachadh a' chànain fhèin.

Tha Alba Aosmhor ag aithneachadh cho cudromach is a tha e cothroman a chruthachadh gus a' Ghàidhlig a chleachdadh ann am farsaingeachd de shuidheachaidhean làitheil agus tha rùn aice cur ris an ìre de dh'ullachadh anns an raon seo

Dleastanas gus a Leasachadh	Gnìomhan	Roinn an Urra	Clàr-ama
Fàilteachadh			
Cleachdadh An-dràsta: Thòisich sinn air àireamh de luchd-obrach le Gàidhlig fhastadh aig ionadan-tadhail agus tha e san amharc againn cur ris an ìre den luchd-obrach a' bruidhinn na Gàidhlig aig ionadan far a bheil e iomchaidh agus comasach, cho math ri taic a chumail ris an leasachadh air fiosrachadh mun Ghàidhlig a tha ann an-dràsta. Thathar air stuth-ionnsachaidh Ghàidhlig a thoirt do gach ionad anns a bheil luchd-obrach.	Cuiridh luchd-fàilteachaidh aig a' phrìomh oifis ceistean Gàidhlig air adhart gu Oifigear na Gàidhlig	Goireasan Daonna (Sgioba Seirbheisean Oifis)	A' tòiseachadh nuair a thèid am plana aontachadh
	Thèid sanasan san dà chànan – 'Fàilte/Welcome' – a thoirt a-steach san àrainn-fhàilteachaidh sa Phrìomh Oifis againn agus ann an ionadan eile	Goireasan Daonna (Sgioba Seirbheisean Oifis) agus Malairt is Turasachd	A' tòiseachadh nuair a thèid am plana aontachadh
	Cleachdaidh sinn fiosrachadh bhon sgrùdadh cànan againn gus mìneachadh far a bheil luchd-obrach ionadan-fàilteachaidh aig a bheil Gàidhlig, anns na làraichean as motha agus as freagarraiche againn. Chì sinn far a bheil beàrnan a thoabh sgilean na Gàidhlig agus bheir sinn cothroman trèanaidh far a bheil e a dhith	Malairt is Turasachd, Goireasan Daonna (Sgioba Seirbheisean Oifis)	An dèidh sgrùdadh air eòlas Gàidhlig a chrìochnachadh 2012
	Thèid cothroman ionnsachaidh a chruthachadh do luchd-obrach a' tadhal air no ag obair air a' Ghàidhealtachd, agus bidh iad air am brosnachadh gus Gàidhlig ionnsachadh agus cleachdadh mar is urrainn dhaibh	Roinnean Uile le taic bho Ghoireasan Daonna (Trèanadh is Leasachadh)	A' tòiseachadh nuair a thèid am plana aontachadh

Dleastanas gus a Leasachadh	Gnìomhan	Roinn an Urra	Clàr-ama
Fòn			
Cleachdadh An-dràsta: Chan eil ullachadh sam bith aig Alba Aosmhor an-dràsta mu làimhseachadh conaltraidh ann an Gàidhlig	Cuiridh sinn 'roghainn dhearbhadh' air adhart agus bidh luchd-obrach sa Phrìomh Oifis agus luchd-obrach aig na h-ionadan uile comasach air fònaichean a chur air adhart gu Oifigear na Gàidhlig gus an cuideachadh le ceistean	Goireasan Daonna (Sgioba Seirbheisean Oifis), Malairt is Turasachd	An dèidh sgrùdadh air eòlas Gàidhlig a chrìochnachadh 2012
	A' gabhail cuimse ri trèanadh Gàidhlig airson luchd-fàilteachais	Goireasan Daonna (Trèanadh is Leasachadh / Sgioba Seirbheisean oifis)	A' tòiseachadh nuair a thèid am plana aontachadh
	Bidh teachdaireachdan-fàilteachais air post-labhairt san dà chànan airson Luchd-obrach le Gàidhlig, ann an tiotalan-obrach no raon-obrach aca agus àiteachan far a bheil corr is 20% luchd-labhairt na Gàidhlig	Roinnean Uile le taic bho Ghoireasan Daonna (Sgioba Seirbheisean Oifis agus Trèanadh is Leasachadh)	A' tòiseachadh nuair a thèid am plana aontachadh

Dleastanas gus a Leasachadh	Gnìomhan	Roinn an Urra	Clàr-ama
Post agus Post-dealain			
Cleachdadh An-dràsta: Bheirear freagairt air ceistean Gàidhlig ann an Gàidhlig ach chan eil stiùireadh no poileasaidh foirmeil sam bith a thaobh seo	Nuair a sgrìobhas neach gu Alba Aosmhor ann an Gàidhlig, gheibh e/i freagairt ann an Gàidhlig an taobh a-staigh an ama àbhaistich	Aonad Conaltraidh (Oifigear na Gàidhlig)	A' tòiseachadh nuair a thèid am plana aontachadh
	Cruthaichidh is cumaidh Alba Aosmhor fiosrachadh mu na daoine no na h-eagrachaidhean sin a b' fheàrr leotha conaltradh fhaighinn ann an Gàidhlig	Aonad Conaltraidh	A' tòiseachadh nuair a thèid am plana aontachadh
	Thèid ainmean-sgrìobhte post-dealain agus teachdaireachdan air an cruthachadh sa bhad a thoirt don luchd-obrach, a gheibh brosnachadh gus a bhith gan cleachdadh	Roinnean Uile	A' tòiseachadh nuair a thèid am plana aontachadh
	Sgaoilidh sinn fios air an làrach-lìn againn gu bheil Alba Aosmhor toileach gabhail ri conaltradh ann an Gàidhlig	Aonad-conaltraidh	A' tòiseachadh nuair a thèid am plana aontachadh
	Cuiridh Oifigear na Gàidhlig rian air bhonn gus gnothach a ghabhail ri conaltradh Gàidhlig, le stiùireadh follaiseach mun t-seirbheis ris am faod daoine a bhith an dùil	Aonad Conaltraidh	A' tòiseachadh nuair a thèid am plana aontachadh
	Far a bheil iarrtas ann gus Gàidhlig a chleachadh aig coinneamhan poblach, nì Alba Aosmhor cinnteach gu bheil seo air a chur air dòigh, agus gum tèid a thabhainn gu follaiseach		

Dleastanas gus a Leasachadh	Gnìomhan	Roinn an Urra	Clàr-ama
Bileagan			
Cleachdadh An-dràsta: Chan eil ullachadh sònraichte ga dhèanamh aig Alba Aosmhor an-dràsta airson cleachdadh na Gàidhlig ann am bileagan ach tha i air gabhail ri conaltradh fa leth ann an Gàidhlig	Nì Alba Aosmhor sgrùdadh air na bileagan a tha ann an-dràsta, a' cur Gàidhlig air na bileagan as trice a chleachdar	Roinnean uile	Dàmhair 2012
	Brosnaichidh Alba Aosmhor bileagan a bhith air an lìonadh a-steach ann an Gàidhlig	Roinnean uile	A' tòiseachadh nuair a thèid am plana aontachadh

Dleastanas gus a Leasachadh	Gnìomhan	Roinn an Urra	Clàr-ama
Modh-obrach mu Ghearanan			
Cleachdadh An-dràsta: Chan eil Alba Aosmhor a' dèanamh ullachaidh sam bith a thaobh Gàidhlig a thoirt a-steach ann am modh-obrach nan gearanan aice an-dràsta	Thèid tionndadh Gàidhlig de dhuilleachan nan gearanan againn ' Raising the Standards ' a dhèanamh agus bidh seo ri fhaighinn air an làrach-lìn	Aonad Conaltraidh	Òg-Mhìos 2012
Na h-Amasan Ro-innleachdail iomchaidh ris a bheilear a' cur taice: 1 agus 2			

2.3.3 Foillseachaidhean

Faodaidh cleachdadh na Gàidhlig ann an raon de stuth ann an clò cuideachadh ri leasachadh na Gàidhlig ann an caochladh dhòighean. Bidh e a' cuideachadh a chur ri follaiseachd a' chànain, a' cur ri inbhe na Gàidhlig le bhith air faicinn a bhith ga cleachdadh ann am foillseachaidhean cudromach agus cuidichidh e gus briathrachas a chruthachadh is a leasachadh. Tha am fàs ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig air a bhith air a chomharrachadh le Bòrd na Gàidhlig mar bhunait ri leasachadh a' chànain san ùine air thoiseach; tha Alba Aosmhor ann an suidheachadh dha-rìribh

gus taic a chur ris an leasachadh seo le bhith a' toirt seachad ghoireasan ann am foghlam foirmeil. Bidh goireasan airson nan sgoiltean freagarrach do theaghlaichean cuideachd agus chuireadh iad mar sin ri ro-innleachd Bhòrd na Gàidhlig mu chur-a-null eadar na ginealaich cuideachd.

Tha an ìre de Ghàidhlig anns na meadhanan a' cuideachadh a shealltainn an rùn aig ùghdarras poblach fiosrachadh cudromach a thoirt seachad tro mheadhan na Gàidhlig, a bharrachd air a bhith a' cur ri follaiseachd is inbhe a' chànain. A rèir mar a

gheibh barrachd dhaoine cothrom air fiosrachadh mu ùghdarrasan poblach tro na làraichean-lìn aca, faodaidh a bhith a' dèanamh ullachaidh mu chleachdadh na Gàidhlig cur gu mòr ri inbhe is follaiseachd a' chànain. Tha na foillseachaidhean uile aig Alba Aosmhor a' comharrachadh a' chuideachaidh nach beag a chuireas an àrainneachd eachdraidheil ri càileachd na beatha ann an Alba, anns am faod leasachaidhean air seasmhachd is sàbhailteachd choimhearsnachdan tighinn cuideachd agus sochair nach beag don àrainneachd nàdarra.

Tha rùn aig Alba Aosmhor cur ri cleachdadh na Gàidhlig sna raointean ud far a bheil an cuspair a' glacadh ùidh a' phobaill anns an fharsaingeachd no a bheil e a' bualadh air nithean a tha ceangailte gu sònraichte ris a' Ghàidhlig fhèin

Dleastanas gus a Leasachadh	Gnìomhan	Roinn an Urra	Clàr-ama
Stuth air Fhoillseachadh			
Cleachdadh An-dràsta: Tha Alba Aosmhor air raon de stuth a chur ri chèile ann an Gàidhlig, leithid leabhraichean-iùil oifigeil airson cuid de làraichean, Caisteal Dhùn Èideann nam measg. An-dràsta tha 17% de na foillseachaidhean againn sa Ghàidhlig, agus tha sinn an dùil seo a' leudachadh gu 25% ann 2017	Cuiridh sin ris an ìre de sgrìobhainnean-comhairle is sgrìobhainnean-foghlaim a bhios sinn a' cur ri chèile ann an Gàidhlig, no san dà chànan, nam measg: <ul style="list-style-type: none"> • Stuth-foghlaim • Leabhraichean-iùil airson làraichean • Iùil INFORM • Brathan-/fios-naidheachd • Leabhraichean mu Ionadan Sònraichte • Stiùireadh mu Rianachd air Atharrachaidhean 	Roinnean Uile	A' tòiseachadh nuair a thèid am plana aontachadh
	Cuiridh sinn stiùireadh ri chèile, ann an comhairle le Bòrd na Gàidhlig, airson beachd a ghabhail air cuin a bu chòir foillseachadh sònraichte a bhith ann an Gàidhlig	Aonad Conaltraidh	Dàmhair 2012
	Cuiridh sinn feum air iris nam ball againn gus Gàidhlig a chur air adhart le bhith a' sgaoileadh fiosrachaidh ceangailte ris a' Ghàidhlig agus altan san dà chànan nuair a tha e iomchaidh	Malairt is Turasachd	A' tòiseachadh nuair a thèid am plana aontachadh
	Nì sinn sgrùdadh air an ullachadh a tha ann an leabharlann Alba Aosmhor an-dràsta agus cuiridh sinn ris an stuth Ghàidhlig, cruthaichidh sinn roinn a dh'aon ghnòthach airson na Gàidhlig, a h-uile foillseachadh Gàidhlig a bhios Alba Aosmhor a' toirt a-mach nam measg	Goireasan Daonna (Sgioba Seirbheisean Oifis)	Dùbhlachd 2012

Dleastanas gus a Leasachadh	Gnìomhan	Roinn an Urra	Clàr-ama
Stuth air Fhoillseachadh			
	Thèid suaicheantas Alba Aosmhor anns an dà chànana a chleachdadh anns a h-uile foillseachadh corporra agus ann am brannd Alba Aosmhor nuair a thèid a chleachdadh le luchd-pàirteachaidh air an taobh a-muigh	Roinnean Uile	A' tòiseachadh nuair a thèid am plana aontachadh
Na h-Amasan Ro-innleachdail iomchaidh ris a bheilear a' cur taice: 1, 2, 4 agus 5			

Dleastanas gus a Leasachadh	Gnìomhan	Roinn an Urra	Clàr-ama
Dàimh phoblach agus na meadhannan			
Cleachdadh An-dràsta: Bidh Alba Aosmhor a' sgaoileadh mu 200 de bhrathan-naidheachd gach bliadhna. Bidh feadhainn dhiubh seo a' nochdadh ann an Gàidhlig ach chan eil poileasaidh air aontachadh a thaobh seo an-dràsta	Cleachdaidh sinn Gàidhlig ann an iomairtean-sanasachd is margaideachd Alba Aosmhor	Malairt is Turasachd	A' tòiseachadh nuair a thèid am plana aontachadh
	Sgaoilidh sinn eadar-theangachadh de bhrathan-naidheachd a bhios a' tarraing ùidh dhaoine a' fuireach anns na h-àiteachan far a bheil corr is 20% luchd-labhairt na Gàidhlig agus co-dhiù dà bhrath-naidheachd de dhìnbhe àrd gach bliadhna	Aonad Conaltraidh	A' tòiseachadh nuair a thèid am plana aontachadh
	Thèid uidheamachadh a thoirt do dh'Oifigear na Gàidhlig ann an sgìlean nam meadhannan agus, tron Aonad-chonaltraidh, bidh e/i ann airson agallamhan le Radio nan Gàidheal agus BBC Alba	Goireasan Daonna, Aonad-conaltraidh	A' tòiseachadh nuair a thèid am plana aontachadh
Na h-Amasan Ro-innleachdail iomchaidh ris a bheilear a' cur taice: 1, 2 agus 5			

Dleastanas gus a Leasachadh	Gnìomhan	Roinn an Urra	Clàr-ama
Làrach-lìn			
<p>Cleachdadh An-dràsta: Tha beagan ullachaidh aig Alba Aosmhor airson Gàidhlig air an làrach-lìn chorporra airson luchd-tadhail, air am faighear cothrom le bhith a' cur feum air ceangal Fàilte air an duilleag-dhachaigh no www.historic-scotland.gov.uk/gd/failte</p> <p>Tha làrach-lìn a tha gu tur san dà chànan againn airson Eilean Ì mar-thà aig www.ionahistory.org.uk</p>	<p>Cuiridh sinn ris an stuth Ghàidhlig air an làrach-lìn oifigeil againn le bhith a' dèanamh cinnteach gum bi an stuth Gàidhlig follaiseach, gus am bi fiosrachadh ann an Gàidhlig air uimhir de làraichean agus a ghabhas www.historic-scotland.gov.uk/gd/failte</p>	Aonad Conaltraidh	A' tòiseachadh nuair a thèid am plana aontachadh
	<p>Air earrann Ghàidhlig làrach-lìn oifigeil Alba Aosmhor bidh ceanglaichean ris na foillseachaidhean Gàidhlig gu lèir againn. Nì sinn follaiseach air làrach-lìn oifigeil Alba Aosmhor dè na foillseachaidhean a tha rim faotainn ann an Gàidhlig</p>	Aonad Conaltraidh	A' tòiseachadh nuair a thèid am plana aontachadh
	<p>Cuiridh sinn ris an ìre de sgrìobhainnean Gàidhlig a tha rim faotainn air an Lìon, le tàbhachd airson faclair agus stuth-mìneachaidh is stuth-ionnsachaidh do chloinn is do theaghlaichean</p>	Roinnean uile	A' tòiseachadh nuair a thèid am plana aontachadh
	<p>Nochdaidh a h-uile foillseachadh ceangailte ri Plana Gàidhlig Alba Aosmhor anns an dà chànan.</p>	Aonad Conaltraidh	A' tòiseachadh nuair a thèid am plana aontachadh
Na h-Amasan Ro-innleachdail iomchaidh ris a bheilear a' cur taice: 1, 2 agus 5			

Dleastanas gus a Leasachadh	Gnìomhan	Roinn an Urra	Clàr-ama
Taisbeanaidhean			
Cleachdadh An-dràsta: Thòisich Alba Aosmhor air Gàidhlig a thoirt a-steach san stuth-mhìneachaidh mu làraichean, ann an taisbeanaidhean is tachartasan, agus stiùireadh a chur ri chèile gus a leithid a dhèanamh	Cruthaichidh sinn modh-obrach gus an ìre de Ghàidhlig ri thoirt a-steach (suas ri ullachadh anns an dà chànan) aontachadh ann am mìneachadh air làraichean, foillseachaidhean no ann an sanasan aig no mu Thogalaichean an Urra, le bhith gan ùrachadh. Bidh an stiùireadh seo mothachail air: a' bhuidhean an dà chuid 'samhlachail' is corporra cho math ris an fhèill a dh'fhaodadh a bhith ann; àiteachan far a bheil coimhearsnachdan Gàidhlig; poileasaidhean dà-chànanach aig ùghdarrasan poblach eile; làraichean a' frithealadh air sgoiltean sa bheil Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG); agus an cuideam a tha air làraichean a thaobh eachdraidh no dìleab nan Gàidheal. Bidh an stiùireadh seo air a bhonntachadh air toraidhean aithisg Mìneachadh na h-Alba, a thathar ri fhoillseachadh ann an 2012. Gus am bi cothrom air seo, nì sinn cinnteach gum bi stuth-mìneachaidh ùr airson nan làraichean uile mothachail air a' Phlana Ghàidhlig agus gu bheil ìre iomchaidh de Ghàidhlig ann. Cha bhith an leasachadh airson soidhnichean agus foillseachaidhean corporra an urra ri aithisg rannsachaidh Mìneachadh na h-Alba	Malairt is Turasachd, Aonad Conaltraidh	Dàmhair 2012, agus ga chur an gnìomh go leantainneach an dèidh sin
	Bidh sinn ag obair le Urras Nàiseanta na h-Alba air Ionad Tadhaill Allt a' Bhonnaich, gus coimhead air taic airgid fhaighinn airson làrach-lìn dà-chànanach agus goireasan Gàidhlig do luchd -tadhail agus sgoiltean le Gàidhlig	Major Projects, Bannockburn, Communications Unit	2014

Dleastanas gus a Leasachadh	Gnìomhan	Roinn an Urra	Clàr-ama
Foghlam agus Obair A-muigh			
Cleachdadh An-dràsta: Thathar air dithis oifigearan-ionnsachaidh Ghàidhlig ionadail fhadstaidh air cunnradh pàirt-ùine, aonan airson làraichean ann an Eilean Leòdhais agus oifigear eile aig Caisteal Dhùn Èideann, air a bheil an fhèill as motha bho Fhoghlam is luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig am measg làraichean Alba Aosmhor. Thathar air pasgain-ionnsachaidh airson a' chuid as motha de na làraichean againn a chur gu Gàidhlig agus tha iad rim faotainn air an làrach-lìn againn	Nì sinn ceanglaichean ri Stòrlann agus Foghlam Alba gus a dhèanamh cinnteach gum bi leasachadh chur-seachadan is ghoireasan mar thaic ri luchd na Gàidhlig a rèir cleachdaidhean is prionnsapalan a' Chlàir-oideachaidh, agus gum bi cothrom orra tro sheirbheis-foghlaim nàiseanta na h-Alba air an Lìon, Glow agus an Creativity Portal. Nì sinn cinnteach gum bi fios aig Stòrlann is Comhairle nan Leabhraichean mu na foillseachaidhean Gàidhlig againn agus nì sinn ceangal riutha gus luchd-leughaidh cho farsaing agus a gabhas a tharraing	Malairt is Turasachd le taic bhon Aonad Conaltraidh (Oifigear na Gàidhlig)	A' tòiseachadh nuair a thèid am plana aontachadh
	Cumaidh oifigearan-ionnsachaidh Ghàidhlig ann an Eilean Leòdhais agus aig Caisteal Dhùn Èideann orra a' cuideachadh ri FMG le bhith ag eagrachadh tursan-foghlaim, cur-seachadan, ghoireasan is tionnsgnaidhean sna coimhearsnachdan aig ionadan sònraichte. Le taic bho Oifigear na Gàidhlig, thèid goireasan a chur ri chèile airson FMG, a' gabhadh cuimse sa chiad dol-a-mach ri Caisteal Chiseamail, Caisteal Urchardain, Eilean Ì agus Caisteal Bothwell. Tro obair air a' bhlàr-a-muigh, thèid brosnachadh is cothroman a thoirt gus na goireasan seo a chleachdadh, an dà chuid le Sgoiltean Gàidhlig ionadail agus eagrachaidhean leithid Comann nam Pàrant is Fèisean nan Gàidheal	Malairt is Turasachd, Aonad Conaltraidh (Oifigear na Gàidhlig), Goireasan Daonna	A' tòiseachadh nuair a thèid am plana aontachadh

Dleastanas gus a Leasachadh	Gnìomhan	Roinn an Urra	Clàr-ama
Foghlam agus Obair A-muigh			
	Bheir oifigearan-ionnsachaidh Ghàidhlig ann an Eilean Leòdhais agus aig Caisteal Dhùn Èideann comhairle is cuideachadh do dh'Oifigearan-foghlaim Alba Aosmhor far a bheil fèill air FMG agus luchd-ionnsachaidh aig làraichean eile aig Alba Aosmhor	Malairt is Turasachd	A' tòiseachadh nuair a thèid am plana aontachadh
Na h-Amasan Ro-innleachdail iomchaidh ris a bheilear a' cur taice: 1 agus 2			

2.3.4 Luchd-obrach

Gus seirbheisean a thoirt seachad tro mheadhan na Gàidhlig, feumar cur ri comas-obrach is comas-cànain an luchd-obrach. Tha ullachadh ionnsachadh-cànain airson an luchd-obrach a' cuideachadh gus ionnsachadh na Gàidhlig do dh'inbhich a chur air adhart agus Gàidhlig fhèin a chur air adhart mar nì feumail san ionad-obrach. Cuiridh comharrachadh nan dreuchdan far a bheil feum air Gàidhlig gu mòr ri inbhe a' chànain agus a bhith ga chomharrachadh mar eòlas feumail.

Bidh cleachdadh na Gàidhlig ann an sanasachd a' cuideachadh cuideachd mar aithneachadh gum bu chòir Gàidhlig a chleachdadh san t-saoghal phoblach agus gu bheil àite cudromach aig luchd-labhairt na Gàidhlig ann an ùghdarras poblach. Ge b' e dè an ìre de dh'eòlas air a' Ghàidhlig a bhios a dhìth, tha e cudromach gun dèan ùghdarrasan poblach cinnteach gu bheil Gàidhlig na riatanas-obrach ann an da-rìribh. Bu chòir do dh'ùghdarrasan gabhail ri slatan-tomhais

farsaing gus a dhèanamh cinnteach gun cuirear ann an dreuchd anns gach suidheachadh a rèir Cothrom na Fèinne agus gun nochd iad an t-eòlas comharraichte a ta a dhìth airson na h-obrach.

Tha Alba Aosmhor mothachail air cho cudromach is a tha e a' Ghàidhlig a mheas mar eòlas cudromach a thaobh a bhith ag obair agus suidheachaidhean a shònrachadh far a bheil feum no fèill oirre. Tha Alba Aosmhor mothachail cuideachd air cho cudromach is a tha e a chur air chomas don luchd-obrach cur ris a' Ghàidhlig aca mas e sin am miann

Dleastanas gus a Leasachadh	Gnìomhan	Roinn an Urra	Clàr-ama
Trèanadh			
Cleachdadh An-dràsta: Tha Alba Aosmhor air sreath de sheiseanan-trèanaidh mun Ghàidhlig a thòiseachadh airson an luchd-obrach. Tha stuth-ionnsachaidh leithid leabhraichean, cèiseagan agus DVdan ri fhaotainn don luchd-obrach uile aig Taigh an Lòin Mhòir agus thathar air stuth a chur do gach ionad far a bheil luchd-obrach	Cumaidh sinn oirnn le clàr de thrèanadh mun Ghàidhlig, a bhios ri fhaotainn don luchd-obrach uile. Bidh an stuth-ionnsachaidh na chois ri fhaotainn air an Lìon tro eadra-lìon Alba Aosmhor	Goireasan Daonna (Trèanadh is Leasachadh)	A' tòiseachadh nuair a thèid am plana aontachadh
	Sgaoileadh sinn fios mu sheiseanan-trèanaidh mun Ghàidhlig a bhios Riaghaltas na h-Alba a' cur air dòigh, anns am faodar an luchd-obrach gu lèir aig Alba Aosmhor dol an sàs	Goireasan Daonna (Trèanadh is Leasachadh)	Nuair a bhios cothrom air na cùrsaichean seo
	Cuiridh sinn stiùireadh ri chèile airson an luchd-obrach gu lèir mun Phlana Ghàidhlig againn agus mu phoileasaidhean is mhodhan ùra a rèir mar a nochdas iad, agus sgaoilidh sinn don luchd-obrach iad tro eadra-lìon Alba Aosmhor	Aonad Conaltraidh	A' tòiseachadh nuair a thèid am plana aontachadh
	Nì sinn cinnteach gum faod luchd-fàilteachaidh dol an sàs ann an Trèanadh mun Ghàidhlig	Goireasan Daonna (Trèanadh is Leasachadh)	A' tòiseachadh nuair a thèid am plana aontachadh
Na h-Amasan Ro-innleachdail iomchaidh ris a bheilear a' cur taice: 1 agus 2			

Dleastanas gus a Leasachadh	Gnìomhan	Roinn an Urra	Clàr-ama
Ionnsachadh-cànain			
Cleachdadh An-dràsta: Thòisich Alba Aosmhor o chionn ghoirid air trèanadh ceangailte ris a' Ghàidhlig a thairgse don luchd-obrach	Nì Alba Aosmhor sgrùdadh mu chomas Gàidhlig gus faighinn a-mach cia mheud den luchd-obrach aig a bheil comas Gàidhlig, agus dè an ìre	Goireasan Daonna, Conaltradh A-staigh	2012
	Thèid trèanadh a thairgse do luchd-obrach Alba Aosmhor, stèidhichte air toraidhean an sgrùdaidh	Goireasan Daonna (Trèanadh is Leasachadh)	2012
	Cuiridh sinn air chomas don luchd-obrach aig a bheil Gàidhlig cur ris a' chomas aca barrachd	Goireasan Daonna (Trèanadh is Leasachadh)	A' tòiseachadh nuair a thèid am plana aontachadh
	Sgaoilidh sinn fios mu ghoireasan Gàidhlig a bhios Ionad-ghoireasan Riaghaltas na h-Alba a' tairgse, a tha fosgailte do luchd-obrach Alba Aosmhor	Goireasan Daonna (Trèanadh is Leasachadh)	A' tòiseachadh nuair a thèid am plana aontachadh
	Cuiridh sinn ri goireasan Gàidhlig Alba Aosmhor fhèin, nam measg cothrom air DVDan, leabhraichean is goireasan eile gus Gàidhlig ionnsachadh, leithid làrach-ionnsachaidh a' BhBC, learngaeilic.net agus Gaelic4Parents	Goireasan Daonna (Trèanadh is Leasachadh)	A' tòiseachadh nuair a thèid am plana aontachadh
Na h-Amasan Ro-innleachdail iomchaidh ris a bheilear a' cur taice: 2			

Dleastanas gus a Leasachadh	Gnìomhan	Roinn an Urra	Clàr-ama
Fastadh			
Cleachdadh An-dràsta: Tha am fastadh uile aig Alba Aosmhor ga dhèanamh a rèir riaghailtean na Seirbheis Catharra mu fharpais cheart agus fhosgailte. Bidh seo a' dèanamh cinnteach gun tèid an neach as fheàrr a thaghadh gus post a lionadh. Ma tha labhairt na Gàidhlig a dhìth airson dreuchd, thèid comas-cànain an tagraiche a chur san àireamh an uair sin	Cuiridh sinn ri chèile stiùireadh-poileasaidh a nì cinnteach nuair a bhios ìre shònraichte de Ghàidhlig a dhìth airson dreuchd sam bith gun tèid seo a shònrachadh ri linn obair an fhaistidh. Seallaidh an sgrùdadh cànain far a bheil beàrnan sgilean, agus far a bheil sgilean Gàidhlig deatamach airson a' Phlana Gàidhlig againn a chur an gnìomh, thèid seo a mhìneachadh	Goireasan Daonna	A' tòiseachadh nuair a thèid am plana aontachadh
	Tha sinn air Oifigear Gàidhlig a chur an dreuchd gus rianachd a dhèanamh air cur-an-gnìomh a' Phlana Gàidhlig agus a chuidicheas gus gnothaichean-conaltraidh a stiùireadh is a làimhseachadh	Goireasan Daonna, Aonad Conaltraidh	A' tòiseachadh nuair a thèid am plana aontachadh
Amasan Ro-innleachdail iomchaidh ris a bheilear a' cur taice: 1 agus 2			

Dleastanas gus a Leasachadh	Gnìomhan	Roinn an Urra	Clàr-ama
Sanasachd			
Cleachdadh An-dràsta: Chan eil ullachadh sam bith aig Alba Aosmhor a thaobh sanasachd Ghàidhlig airson luchd-obrach an-dràsta	Nuair a bhios ìre shònraichte de Ghàidhlig mar chuid den obair, nì sinn sanasachd mu a leithid de phost anns an dà chànan	Roinnean uile	A' tòiseachadh nuair a thèid am plana aontachadh
Na h-Amasan Ro-innleachdail iomchaidh ris a bheilear a' cur taice: 1			



3. CUR AN GNÌOMH PLANA NÀISEANTA NA GÀIDHLIG 2007-2012

3. CUR AN GNÌOMH PLANA NÀISEANTA NA GÀIDHLIG 2007-2012

3.1 Buaidh a thaobh Poileasaidh air a' Ghàidhlig

Tha Alba Aosmhor mothachail air na raointean tàbhachdach gan comharrachadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig, agus bheir i aghaidh orra tro chur-an-gnìomh a' Phlana Ghàidhlig againn, far am bi cothroman cuideachd à ceuman is tionnsgnaidhean a thaobh poileasaidh a tha ann an-dràsta. Nì sinn, gu sònraichte, sgrùdadh air na rùintean a thaobh poileasaidh a tha ann an-dràsta far am faodar Gàidhlig a thoirt a-steach agus na tàbhachdan ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chur an sàs tro mhodhan a bharrachd. Chì sinn an leasachadh seo a rèir prionnsabal an àbhaisteachaidh, aig a bheil e mar amas Gàidhlig a thoirt a-steach mar chuid de bheatha làitheil na h-Alba.

Ann an cruthachadh, ùrachadh is dearcnachadh phoileasaidhean, nì Alba Aosmhor cinnteach gum bi a' bhuidhe air a' Ghàidhlig air an aon rèir ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

3.2 Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2007-2012 aig Bòrd na Gàidhlig air amasan follaiseach a shocrachadh a thaobh àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig thar nan 35 bliadhna air thoiseach mar a leanas:

- 65,000 de luchd-labhairt agus 4,000 de chloinn ann am FMG gach bliadhna ro 2021
- 75,000 de luchd-labhairt agus 10,000 de chloinn ann am FMG ro 2031; agus
- 100,000 de luchd-labhairt agus 50,000 de chloinn ann am FMG ro 2041

Is e amas Alba Aosmhor àite cudromach a ghabhail a chuidicheas gus na h-amasan seo a thoirt gu buil. Thèid na h-amasan aig a' Phlana Nàiseanta na Gàidhlig (2012-2017) an coileanadh cuideachd tro libhrigeadh Plana Gàidhlig Alba Aosmhor.

3.3 Rùn ris na h-Amasan ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha rùn aig Alba Aosmhor dèanamh cinnteach gun tèid am Plana Nàiseanta a chur an gnìomh. San earrann seo, tha sinn a' cur an cèill mar a bheir sinn an t-amas seo gu buil.

Tha am Plana Nàiseanta air ceithir nithean ceangailte a bhuineas ri leasachadh-cànain air an fheumar aghaidh a thoirt, agus nam broinn, tha e air àireamhan de raointean-gnìomha tàbhachdach a shocrachadh:

3.31 Togail a' Chànain

Cur ri àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig le bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid an cànan a chur air adhart ann an teaghlaidhean is a' daingneachadh chothroman èifeachdach gus a' Ghàidhlig ionnsachadh le bhith:

- a' cur ri cleachdadh is cur-a-null na Gàidhlig aig an Taigh
- a' cur ri àireamh na cloinne a bhios a' togail na Gàidhlig aig an sgoil
- a' cur ris a' chothrom air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig
- a' cur ri àireamh luchd-ionnsachaidh inbheach Gàidhlig a' dol air adhart gu fileantachd

Fàth:

Tha Alba Aosmhor ag aithneachadh gus am bi àite seasmhach aig a' Ghàidhlig gun fheum barrachd dhaoine an cànan ionnsachadh agus gum bi barrachd chothroman aca air stuth-ionnsachaidh is goireasan Gàidhlig. Is e cuideam air an dachaigh, foghlam agus inbhich ag ionnsachadh aon mhodh bunaiteach gus seo a thoirt gu buil. A rèir nan Rùintean Bunaiteach ann an Earrann 2.3 gu h-àrd, gabhaidh sinn na ceuman a leanas uime sin gus àrainneachd thaiceil a chruthachadh gus àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba a mheudachadh:

- Stuth agus clàran-ionnsachaidh Ghàidhlig a thoirt seachad aig na làraichean-tadhail againn a bheir cothroman do theaghlaichean Ghàidhlig ionnsachadh a rèir na h-àrainneachd eachdraidheil. Bheir sinn an t-ullachadh seo do choimhearsnachd na Gàidhlig agus nì sinn cinnteach gum bi na goireasan uile ann an àite follaiseach aig na làraichean iomchaidh.
- Cur ris na goireasan-foghlaim againn ann an Gàidhlig airson nan sgoiltean
- Foillseachaidhean Ghàidhlig a chur ri chèile agus an làrach-lìn Ghàidhlig againn a leasachadh, a' cur ris a' chothrom air cleachdadh na Gàidhlig

aig an dachaigh le bhith a' cur air chomas luchd-labhairt is luchd-ionnsachaidh cothrom fhaighinn air barrachd ghoireasan Gàidhlig

- Cur ris na rùintean againn clasaichean is ullachadh Ghàidhlig a thoirt don luchd-obrach ri àireamh nan inbheach a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig
- A' toirt fiosrachaidh mu Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig don luchd-obrach a dh'fhaodadh ùidh a ghabhail ann an goireasan-ionnsachaidh Ghàidhlig airson na cloinne is nan teaghlaichean aca

3.32 Cleachdadh a' Chànain

A' brosnachadh gun cleachdar a' Ghàidhlig barrachd, a' toirt seachad chothroman gus an cànan a chleachdadh, agus a' cur air adhart cothrom air conaltradh Gàidhlig, le bhith:

- a' cur ri cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan
- a' cur ri cleachdadh na Gàidhlig ann am foghlam aig an treas ìre agus ann an ionadan-obrach
- a' cur ri ìre na Gàidhlig anns na meadhanan
- a' cur ri adhartachadh na Gàidhlig ann an saoghal nan ealain
- a' cur ri ìomhaigh na Gàidhlig sna roinnean ri turasachd, dileab is cur-seachadan

Fàth:

Tha Alba Aosmhor mothachail ma tha seasmhachd gu bhith an dàn don Ghàidhlig gun fheumar chan e a-mhàin cur ris an àireamh de dhaoine a bhruidhneas an cànan ach cur ri cleachdadh fhèin cuideachd. Tha sinn mothachail air cho cudromach is a tha e cur air chomas do bharrachd dhaoine Ghàidhlig a chleachdadh mar am modh-conaltradh aca nam beatha làitheil agus, mar sin, tha sinn a' gealltainn na leanas a ghabhail os làimh:

- An conaltradh Gàidhlig uile a ghabhail, a bhrosnachadh agus a fhreagairt
- Cothrom a thoirt air trèanadh agus raon de ghoireasan Gàidhlig don luchd-obrach
- Cur ri cleachdadh is àite na Gàidhlig san ionad-obrach le bhith a' toirt a-steach shanasan ann an Gàidhlig aig oifisean is làraichean Alba Aosmhor
- Na seirbheisean againn do dh'fhoghlam Ghàidhlig a leudachadh ann an coimhearsnachdan air feadh na h-Alba, gu sònraichte le bhith a' cruthachadh stuth a bhuineas do làraichean sònraichte airson sgoiltean is luchd-ionnsachaidh
- Seirbheis Ghàidhlig a thoirt do na meadhanan Ghàidhlig le rùn brathan-naidheachd Ghàidhlig a sgaoileadh agus an fheadhainn le Gàidhlig a thrèanadh ann an sgilean nam meadhanan

- Cumail oirnn a’ cur ris an ullachadh a bheir sinn do luchd-tadhail air na làraichean againn le bhith a’ toirt a-steach barrachd clàran-fiosrachaidh ann an Gàidhlig, tursan-iùil ann an Gàidhlig agus Gàidhlig a thoirt a-steach anns na taisbeanaidhean poblach againn

3.33 Inbhe a’ Chànain

Cur ri follaiseachd is an ìre de Ghàidhlig a chluinnear, a’ meudachadh an aithneachaidh a gheibh i agus ìomhaigh dhearbhadh a chruthachadh airson na Gàidhlig ann am beatha phoblach na h-Alba mar a leanas:

- Cur ri ìre nam buidhnean a chuireas Planaichean Gàidhlig ri chèile
- Cur ri ìomhaigh is urram na Gàidhlig
- Cur ri follaiseachd is aithneachadh na Gàidhlig

Fàth:

Tha Alba Aosmhor mothachail gu bheil inbhe a’ chànain fo bhuidhnean aig an ìre a tha aice anns an àrainneachd làitheil agus an ìre dham bheilear ga chleachdadh, ga luachadh agus ga mheas leis na buidhnean sin aig a bheil buaidh chudromach air ar beatha làitheil. Tha an rùn a tha againn follaiseachd na Gàidhlig a chur air adhart ga shealltainn mar a leanas:

- Plana na Gàidhlig Alba Aosmhor, a dhaingnicheas an rùn againn cur ri inbhe a’ chànain
- Na gnìomhan a chuir sinn an cèill sa phlana againn, aig a bheil mar amas taic a chur ri ìomhaigh dhearbhadh cànan bheò
- An rùn againn cur ri follaiseachd na Gàidhlig le bhith ga cleachdadh anns an t-suaicheantas, ann am branndadh, air an làrach-lìn, ann an sanasan, an am foillseachaidhean agus sna h-ionadan-tadhail againn

3.34 Corpus a’ Chànain

Cur ri buntainneachd is seasmhachd na Gàidhlig agus a’ cur air adhart rannsachaidh air a’ chànain mar a leanas:

- Cur ri buntainneachd is seasmhachd na Gàidhlig
- Cur ri càileachd eadar-theangachaidhean Gàidhlig is ris a’ chothrom orra
- Cur ris a’ chothrom air fiosrachadh-rannsachaidh mionaideach

Fàth:

Tha Alba Aosmhor mothachail air an fheum a tha ann buntainneachd is seasmhachd na Gàidhlig a neartachadh, cho math ris a’ chuideam air leigeil le seirbheisean eadar-theangachaidh agus rannsachadh mun chànain a chur air adhart. A rèir sin, nì sinn mar a leanas:

- Feuchainn ri ainmean-àite Gàidhlig a chleachdadh nar cuid fhoillseachaidhean is mìneachaidh nuair a tha e iomchaidh

- Cumail oirnn leis a' cheangal againn ri Bòrd na Gàidhlig agus Buidhnean-gnìomha poblach eile leithid Dualchas Nàdar na h-Alba agus Coimisean na Coilltearachd mar chuid den tionnsgnadh-mhìneachaidh, Mìneachadh na h-Alba, a' cur ri chèile nan cleachdaidhean as fheàrr gus a' Ghàidhlig a chleachdadh ann am Mìneachadh
- Cumail oirnn ag obair le Ainmean-Àite na h-Alba (AAA) agus feum a chur air a chuid stiùiridh mar bhunait dhaingeann ri fiosrachadh mu ainmean-àite Gàidhlig (www.gaelicplacenames.org)
- Feuchainn ri ceangal a dhèanamh ri Ùghdarras Theisteanas na h-Alba agus buidhnean-litreachaidh eile mu mhìneachadh is eadar-theangachadh ainmean eachdraidheil ann an Gàidhlig
- Feuchainn ri cur ri eadar-theangachadh is mìneachadh le bhith a' meudachadh na h-ìre de stuth Gàidhlig a bhios sinn a' foillseachadh agus le barrachd clàran-mìneachaidh is ìul Gàidhlig aig na làraichean againn
- Obair le RCAHMS is Urras Nàiseanta na h-Alba gus briathrachas air leth a bhuineas ris an àrainneachd eachdraidheil a chruthachadh is a ghabhas cleachdadh gus eadar-theangachadh seasmhach a thoirt do sgoiltean, luchd-ionnsachaidh agus do dh'fhileantaich. Bidh clàraidhean an cois a' bhriathrachas mar chuideachadh gus na faclan a ràdh
- Tarraing a-mach sgrùdaidhean is rannsachadh ann an Gàidhlig, nuair a tha e iomchaidh



4. CUR AN GNÌOMH AGUS DEARCNACHADH AIG ALBA AOSMHOR

4. CUR AN GNÌOMH AGUS DEARCACHADH AIG ALBA AOSMHOR

4.1 Clàr-ama

Bidh am Plana Gàidhlig seo an gnìomh gu foirmeil fad còig bliadhna bhon 19.06.2012 no gus a bheilear air plana ùr a chur na àite. Chuir sinn an cèill ann an Caibideilean 2 is 3 na cinn-latha air leth air a bheil sinn an dùil gun tòisichear air rùintean sònraichte a chur an gnìomh.

4.2 Sgaoileadh Fiosrachaidh mun Phlana

Thèid Plana Gàidhlig fhoillseachadh anns an dà chànan air an làrach-lìn againn. A bharrachd air seo:

- cuiridh sinn brath-naidheachd a-mach mun phlana
- cuiridh sinn lethbhric den Phlana sna h-oifisean poblach is sna h-ionadan-fàilteachaidh againn
- bheir sinn fios mun Phlana don luchd-obrach air lìon Alba Aosmhor
- sgaoilidh sinn lethbhric den phlana gu Buidhnean Poblach is Buidhnean-gnìomha Neo-roinneil, gu luchd-cunraidh, agus gu roinnean eile de Riaghaltas na h-Alba
- bheir sinn lethbhric den Phlana do dh'èagrachaidhean Gàidhlig
- bheir sinn lethbhric den Phlana do bhuidhnean eile aig a bheil ùidh sa chùis
- bheir sinn lethbhric seachad nuair a thathar gan iarraidh agus air an Lìon

4.3 Ullachaidhean a thaobh Rianachd

Is e poileasaidh Alba Aosmhor a tha sa Phlana seo agus tha e air a bhith air aontachadh leis an dà chuid an sgioba-stiùiridh againn agus Bòrd Alba Aosmhor

Uallach air a' Cheann Thall

Is e an Ceannard a bhios an urra ri dèanamh cinnteach gun toir Alba Aosmhor na rùintean sa Phlana seo gu buil.

Luchd-obrach air leth

Thèid fios a thoirt don luchd-obrach mu na tha sa phlana agus a bhrìgh dhaibh fhèin. An dèidh dhan phlana a bhith air a chur air bhog, tha e san amharc againn an taic a leanas a thoirt don luchd-obrach:

- Cairtean-boillsgidh/duilleagan-fiosrachaidh le abairtean bunaiteach ann an Gàidhlig
- Tadhal air oifisean is làraichean gus am plana a mhìneachadh don luchd-obrach – le oifigear-tionnsgnaidh an làthair gus ceistean a fhreagairt
- Leabhran-iùil mu bhrìgh a' phlana – faodar seo a chleachdadh airson luchd-obrach is luchd-pàirteachaidh
- Stuth Gàidhlig air an lìon againn fhìn. Gabhaidh seo a-steach lethbhreac den phlana, fiosrachadh mun a' Ghàidhlig is carson a dh'fheumas sinn a dìon agus cothroman-ionnsachaidh
- Sgrùdadh a thaobh comais ann an Gàidhlig

Feuchaidh sinn ris na modhan a leanas a chleachdadh gus a dhèanamh cinnteach gun tèid fios a chumail ris an luchd-obrach agus gun toir iad freagairt air buaidh nan gnìomhan againn:

- Trèanadh
- Leasachadh Dreuchdail Leantainneach
- Còmhdach beò air lìon Alba Aosmhor
- Dearcnachadh nan làraichean againn tro chlàr nam Mystery Shoppers
- Dearcnachadh air an àireamh a bhios a' tadhal air an làrach-lìn againn

Seirbheisean a bheir treas partaidhean seachad

Nì Alba Aosmhor cinnteach, far a bheil e iomchaidh, gun cùm aontaidhean no ullachaidhean le treas partaidhean mu thoirt seachad sheirbheisean don phoball ri cumhaichean a' Phlana seo. Tha an rùn seo a' gabhail a-steach sheirbheisean fo chunnradh air an taobh a-muigh nuair a bhios brannd Alba Aosmhor ga chleachdadh. Nuair a bhios Plana Gàidhlig aig na treas partaidhean, brosnaidhidh sinn iad gus cumail ri cumhaichean Plana Gàidhlig Alba Aosmhor.

4.4 Goireasan airson a' Phlana

Coileanadh Alba Aosmhor na feumalachadan a thaobh ghoireasan airson a' Phlana seo bho na buidseatan a tha ann an-dràsta. Tha sinn an comain cuideachd airson na fhuair sinn de thaic cheana bho Bhòrd na Gàidhlig le bhith a' toiseachadh air an obair seo gus mòran de na h-amasan air an comharrachadh am broinn a' phlana seo a choileanadh.

4.5 Dearcnachadh Cur an Gnìomh a' Phlana

Tha Alba Aosmhor air Buidheann-stiùiridh Ghàidhlig a chur air chois air am bi Oifigear Gàidhlig agus Oifigearan-gnìomha Gàidhlig bhon a h-uile roinn, a choinnicheas gu cunbhalach gus adhartas a cho-òrdanachadh agus dearcnachadh is measadh a dhèanamh air a' Phlana. Tha na modhan-obrachaidh a shocraich sinn gus cur-an-gnìomh is adhartas a' phlana a dhearcnachadh a' gabhail a-steach na leanas:

- Obair àbhaisteach Buidheann na Gàidhlig
- Aithisgean-adhartais bliadhna gu Bòrd na Gàidhlig

- Cuairt bhliadhna Plana Corporra is Aithisg Bhliadhna Alba Aosmhor
- Gàidhlig a thoirt a-steach ann an clàr-leasachaidh Building for Success againn
- Aithisgean cunbhalach gu Bòrd Alba Aosmhor
- Sgrùdaidhean, ceisteachain, measadh air cùrsaichean air an taobh a-muigh is an taobh a-staigh a rèir mar a tha iomchaidh
- Aithisgean mun ìre a bhios a' tadhal air na h-earrannan Gàidhlig den làrach-lìn againn agus de na sgrìobhainnean Gàidhlig a thathar a' luchdachadh a-nuas

4.6 Measadh air Buaidh air an Àrainneachd

Tha Alba Aosmhor air na slatan-tomhais ann an Leasachan 2 ri Achd Measaidh air an Àrainneachd (Alba) 2005 a chur an sàs anns an dreachd den phlana agus thathar air tighinn chun a' cho-dhùnaidh gu bheil i saor bho Mheasadh Roinnleachdail air an Àrainneachd fo Earrann 7(1). Faodar sealltainn air a' cho-dhùnadh againn air Scottish Government's SEA database.

4.7 Measadh air Buaidh air Co-ionannachd

Chan eil Alba Aosmhor den bheachd gun toir am Plana Gàidhlig againn buaidh mhòr air co-ionannachd, ach tha i a' sireadh bheachdan air an dreachd againn a thaobh sin. Chuireamaid fàilte cuideachd air fiosrachadh sam bith a dh'fhaodadh ar cuideachadh le measadh. Ma tha sibh a' toirt freagairt air a' cho-chomhairleachadh (Earrann 5), bhiodh e na chuideachadh mar sin nan leigeadh sibh fios thugainn de na ceistean a tha ann a thaobh co-ionannachd nur beachd.

5. FIOS THUGAINN

Is e an t-oifigear as àirde dreuchd ris a bheil ullachadh, lìbhrigeadh is dearcnachadh Plana Gàidhlig Alba Aosmhor an urra:

Ian Walford
Ceannard
Alba Aosmhor
Taigh Longmore
Ionad Salisbury
Dùn Èideann
EH9 1SH

0131 668 8600
PS/HistoricScotland@scotland.gsi.gov.uk

Bu chòir ceistean mu obrachadh làitheil a' phlana a chur gu:

Curstaidh NicDhòmhnaill
Oifigear Cànan agus Poileasaidh Gàidhlig
Alba Aosmhor
Taigh Longmore
Ionad Salisbury
Dùn Èideann
EH9 1SH

0131 668 8600
HSGaelic@scotland.gsi.gov.uk